

Poileasaidh Foill



Clàr-innse

1. Facal-tòiseachaidh	1
2. Mìneachadh	1
3. Comharraidhean Cunnart	1
4. Slighean gus aithris air Foill	1
5. Ceumannan smachd làithreach	1
6. Dreuchdan is Dleastanasan	2
7. A' gabhail ri Tiodhlacan no Aoigheachd	3
8. Aithris agus Cunntasachd	3
9. Co-dhùnadh	3
Pàipear-taice 1 – Plana Dèiligidh Foill	4

Tha na faclan “a’ Chompanaidh” no “Buidheann HIAL” a’ ciallachadh Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) agus fo-chompanaidhean sam bith co-cheangailte ris a’ ghnìomhachas aige, a’ gabhail a-steach Port-adhair Dhùn Dè Earranta (DAL) agus Airport Management Services Limited (AMSL).

Poileasaidh Foill Buidheann HIAL

1. Ro-ràdh

Tha am poileasaidh seo an sàs airson a h-uile neach-obrach air am fastadh le HIAL, Airport Management Services Earranta (AMSL) agus Port-adhair Dhùn Dè Earranta (DAL).

Tha dealas aig a' Chompanaidh dèanamh cinnteach gu bheil cothroman foill – an dà chuid a-staigh agus a-muigh – air an lùghdachadh chun na h-ìre cunnairt as ìsle 's a ghabhas gu reusanta. Feumaidh an luchd-obrach uile aig HIAL a bhith ag obair gu h-onarach agus le ionracas agus feumaidh iad na goireasan poblach air a bheil iad cunntachail a dhìon. Cha ghabh a' Chompanaidh ri foill no coirbeachd aig ìre sam bith; agus mar sin, thèid casaidean no amharas sam bith den leithid a sgrùdadh gu mionaideach agus thèid dèiligeadh riutha gu h-ìomchaidh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh a' phoileasaidh smachdachaidh agus dh'fhaodadh gum bi peanas smachdachaidh ann mar thoradh air seo, suas ri agus a' gabhail a-steach cur à dreuchd.

2. Mineachadh

Tha am facal “foill” air a chleachdadh airson a bhith a' mineachadh gnìomhan leithid mealladh, bribearachd, fallsaidheachd, toirt air falbh air èiginn, coirbeachd, goid, co-fheall, maoin-èalaidh, mi-chleachdadh, riochdachadh meallta, a' falach firinnean cudromach agus co-rùn. Mar as trice bithear a' cleachdadh an fhacail foill gus cunntas a thoirt air a bhith a' toirt rudeigin bho chuideigin tro mhealladh, tro mhèirle dhìreach, mi-fheum air airgead no goireasan eile, no eucoirean nas toinnte leithid cunntasachd mheallta agus a' toirt seachad fiosrachadh meallta. Faodaidh foill èirigh mar eisimpleir ann an tagraidhean airson siubhal is bith-beò agus ùine a bharrachd, neo-riaghailteachdan ann am modhan solarachaidh agus mi-chleachdadh uairean obrach sùbailte. Tha eisimpleirean de dh'fhoill air taobh a-muigh a' gabhail a-steach, ach chan e a-mhain, fiosrachadh meallta a thoirt seachad ann an tagraidhean airson tabhartasan no seòrsaichean cuideachaidh eile agus a bhith a' cur a-steach fàirdealan meallta.

3. Comharraidhean Cunnart

Feumaidh manaidsearan agus luchd-obrach daonna a bhith mothachail air cunnart foill, seòrsaichean mèirle eile, agus coirbteachd. Tha comharran cunnart foill air an taobh a-staigh a' gabhail a-steach fianais gu bheil luchd-obrach a tha an sàs ann an obair airgid/cùmhnant a' cosg barrachd na bhiodh an dùil, dàimhean mi-ìomchaidh le solarachaidhean, leisg luchd-obrach a bhith a' gabhail fòrladh, iartasan airson pàtrain neo-àbhaisteach de dh'ùine a bharrachd agus far a bheil daoine leisg clàran a shealltainn do dhaoine eile. Bu chòir do luchd-obrach òga seasamh an aghaidh cuideam sam bith bho shreath-mhanaidsearan gus faighinn seachad air in-smachdan no a bhith tar-àithneadh modhan-smachd. Dh'fhaodadh an leithid de gnìomhachd a bhith na chomharra gu bheil gnìomhachd foill ann agus bu chòir aithris a dhèanamh air seo – faic Earrann 4 – Slighean gus Aithris air Foill.

4. Slighean gus aithris air Foill

Tha slighean an sàs aig HIAL gus aithris mu amharas gu bheil foill ann. Tha am modh-obrach air a mhineachadh ann am poileasaidh “innsireachd” na Companaidh. Bu chòir do luchd-obrach amharasan mar sin innse do na sreath-mhanaidsearan aca no don Phrìomh Oifigear Dhaoine/Manaidsear HR a bu chòir an uair sin innse don Phrìomh Oifigear Ionmhais. Thèid dèiligeadh ris a h-uile cùis ann an dìomhaireachd agus a rèir cumhachan Achd Foillseachadh ann an Leas a' Phobail 1998. Tha an reachd seo a' dìon leas dligheach pearsanta an luchd-obrach.

5. Ceumannan smachd làithreach

Tha modhan-obrach aig HIAL mar-thà a lùghdaicheas an coltas gun tachair foill/goid. Tha iad sin a' gabhail a-steach stiùireadh ionmhais seasmhach, modhan cunntasachd, siostam in-smachd agus siostam measaidh cunnairt.

Poileasaidh Foill Buidheann HIAL

6. Dreuchdan is Dleastanasan

Tha e an urra ris a' Phrìomh Oifigear Ionmhais, mar Oifigear Cunntachail airson HIAL, siostaman in-smachd làidir a stèidheachadh agus a chumail a bheir taic do choileanadh poileasaidhean, amasan is cinn-uidhe Mhinistearan na h-Alba. Tha na siostaman in-smachd air an dealbhadh gus dèiligeadh ris an fharsaingeachd iomlan de chunnartan a tha fa chomhair na Companaidh agus gus dèiligeadh riutha. Tha na siostaman in-smachd stèidhichte air pròiseas leantainneach a chaidh a dhealbhadh gus na prìomh chunnartan a chomharrachadh, gus nàdar agus meud nan chunnartan sin a mheasadh agus gus an riaghladh gu h-èifeachdach. Bidh riaghladh cunnart foill ga fhaicinn ann an co-theacs riaghladh na farsaingeachd seo de chunnartan taobh a-staigh na Companaidh.

Tha Bòrd HIAL air Comataidh Sgrùdaidh a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh air cùisean cunnairt, smachd agus riaghladh agus air barantachadh co-cheangailte riutha. Mar sin tha uallach coitcheann air a' Chomataidh Sgrùdaidh airson sùil a chumail air gnìomhachd agus èifeachdas rèiteachaidhean an-aghaidh foill agus dh'fhaodadh gum feum a' Chomataidh aithisgean cunbhalach air eisimpleir sam bith de dh'fhoill.

Tha uallach air a' Phrìomh Oifigear Ionmhais aig a' cheann thall gus dèanamh cinnteach gu bheil smachdan riatanach an sàs gus cunnart foill a riaghladh. Am measg dhleastanasan a' Phrìomh Oifigear Ionmhais tha a bhith:

- ag ullachadh stiùireadh iomchaidh air casg, lorg, aithris agus làimhseachadh foill;
- a' stèidheachadh poileasaidh èifeachdach an-aghaidh foill agus plana gus dèiligeadh ri foill;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil prìomh shiostaman ionmhais air an dealbhadh agus air an ruith gus cunnart foill a lùghdachadh;
- a' co-òrdanachadh gheallaidhean mu èifeachd poileasaidhean an-aghaidh foill gus taic a thoirt dhan Aithris air In-smachd;
- a' dèanamh cinnteach, a rèir modhan smachdachaidh na Companaidh, gu bheilear a' dèanamh rannsachaidhean sgiobalta agus làidir ma thachras foill no ma tha amharas ann gun robh foill ann;
- a' dèanamh cinnteach gun tèid ceumannan iomchaidh a ghabhail gus an cunnart a lùghdachadh gun tachair foill den aon seòrsa san àm ri teachd.

Tha uallach air obair in-sgrùdaidh na Companaidh, fo stiùireadh na Comataidh Sgrùdaidh airson a bhith:

- a' libhrigeadh beachd dhan Chomataidh Sgrùdaidh air iomchaidheachd nan rèiteachaidhean airson cunnart, smachd agus riaghladh (a' gabhail a-steach an fheadhainn airson a bhith a' stiùireadh cunnart foill) agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Chompanaidh air fad a' cur air adhart cultar a tha a' cur an aghaidh foill;
- a' cuideachadh ann a bhith a' bacadh foill le bhith a' sgrùdadh agus a' luachadh èifeachdas smachd a tha co-chosmhail ris an ìre de chunnart a dh'fhaodadh a bhith ann an diofar roinnean de dh'obair na Companaidh;
- a' cuideachadh manaidsèaran ann a bhith a' dèanamh rannsachaidhean air casaidean foill ma thèid iarraidh orra.

Tha uallach air manaidsèaran Coitcheann, Puirt-adhair agus Prìomh Oifisean airson a bhith:

- a' dèanamh cinnteach gu bheil siostam in-smachd iomchaidh ann taobh a-staigh nan raointean dleastanais aca a tha co-chòrdail ris an stiùireadh iomchaidh agus gu bheil smachdan ag obrachadh gu h-èifeachdach agus mar a thathar an dùil;
- a' measadh nan seòrsaichean cunnairt a tha an lùib nan gnìomhan air a bheil iad cunntachail;
- ag ath-sgrùdadh agus a' dèanamh deuchainn gu cunbhalach air na siostaman smachd ris a bheil iad an urra;
- a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ri smachdan agus gu bheil na siostaman aca ag obair gu h-èifeachdach;
- a' cur smachdan ùra an gnìomh gus an cunnart bho leithid de dh'fhoill a lùghdachadh far a bheil foill air tachairt;
- a' cur fios chun an t-sreath-mhanaidsèar aca agus chun a' Phrìomh Oifigear Dhaoine agus/no Manaidsèar HR nuair a thèid amharas foill aithris dhaibh (dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air manaidsèaran beagan obair tòiseachail a dhèanamh gus fìorachadh buntainneach fhaighinn).

Poileasaidh Foill Buidheann HIAL

6. Dreuchdan is Dleastanasan (a' leantainn)

Tha uallach air gach neach-obrach airson a bhith:

- ag obair gu dileas ann a bhith a' cleachdadh ghoireasan oifigeil agus a' làimhseachadh agus a' cleachdadh airgead poblach co-dhiù tha iad an sàs ann an siostaman airgid no pàighidh, cuidhteasan no a' dèiligeadh ri solaraichean;
- mothachail mun chomas gum faodadh tachartasan neo gnothaichean neo-àbhaisteach a bhith nan comharran air foill;
- ag aithris sa bhad tron t-sianal iomchaidh ma tha iad fo amharas gun deach foill a dhèanamh no ma chi iad gnìomhan no tachartasan amharasach;
- a' co-obrachadh gu h-iomlan le neach sam bith a tha a' dèanamh sgrùdaidhean taobh a-staigh, lèirmheasan no sgrùdaidhean foill.

7. A' gabhail ri Tiodhlacan no Aoigheachd

Chan fhaod luchd-obrach gabhail ri tiodhlacan, aoigheachd no ni sam bith a tha gan cur fo dhleastanas, agus a dh'fhaodadh bacadh a chur air an comas gus obair na Companaidh a dhèanamh. Chan fhaod luchd-obrach gabhail ri tiodhlac no pàigheadh sam bith mar bhrosnachadh no duais airson a bhith a' dèanamh no gun a bhith a' dèanamh gnìomh sam bith co-cheangailte ri obair no gnothaichean na Companaidh. Feumaidh luchd-obrach ris an tèid tairgse de sheòrsa sam bith a dhèanamh a tha iad a' creidsinn a dh'fhaodar a bhith air fhaicinn mar thiodhlac, culaidh-bhrosnachadh no duais taobh a-staigh nam mineachaidhean gu h-àrd innse don Phrìomh Oifigear Ionmhais sa bhad. Is dòcha gum bi e iomchaidh gabhail ri aoigheachd ann an cuid de shuidheachaidhean. Tha seo air a mhineachadh dhan luchd-obrach ann am poileasaidh na Companaidh air Bribearachd, Aoigheachd agus Tiodhlacan.

Tha luchd-obrach aig a bheil conaltradh cunbhalach le solaraichean, cunnradairean agus luchd-saothrachaidh gu sònraichte ann an cunnart bho dhòighean-obrach den t-seòrsa seo agus bu chòir dhaibh a bhith mothachail air a' chunnart àrdachte agus air a' bhuidheann a dh'fhaodadh a bhith ann mura leanar modhan òrdaichte.

8. Aithris agus Cunntasachd

Tha call mar thoradh air foill fo umhlachd dhan stiùireadh air call agus pàighidhean sònraichte. Thèid a h-uile eisimpleir de dh'fhoill innse gu fèin-obrachail dhan Phrìomh Oifigear Ionmhais a bheir fios do Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh gus fios a chur gu Riaghaltas na h-Alba.

9. Co-dhùnadh

Thèid a h-uile cùis de dh'fhoill fhìor no fo amharas a sgrùdadh gu sgiobalta agus gu làidir agus thèid ceumannan iomchaidh a ghabhail. Cuiridh am Prìomh Oifigear Ionmhais fios chun a' phoilis far a bheilear ga mheas iomchaidh. A bharrachd air sin, bithear a' beachdachadh air ceumannan smachdachaidh chan ann a-mhàin an aghaidh an luchd-obrach sin a rinn foill ach cuideachd an aghaidh mhanaidsearan far a bheilear den beachd gu bheil dearmad air cuideachadh gus foill a chur an comas. Thèid dèiligeadh ri casaidean foill fo Phoileasaidh agus modh-obrach Smachdachaidh HIAL. Dh'fhaodadh cùisean mòra a bhith air an comharrachadh mar dhroch mhi-ghiùlan, agus dh'fhaodadh am peanas a bhith a' gabhail a-steach cur à dreuchd sa bhad.

Pàipear-taice 1 – Plana Dèiligidh Foill

Adhbhar

Tha am Plana Dèiligidh Foill seo a' mineachadh rèiteachaidhean gus dèanamh cinnteach nuair a thathar ag aithris air amharas gu bheil foill ann an aghaidh HIAL, gun tèid gnìomh luath is èifeachdach a ghabhail gus:

- an suidheachadh a rannsachadh;
- an cunnart bho chall ag èirigh às a lùghdachadh;
- dèanamh cinnteach gun tèid ceumannan ath-dhiolaidh iomchaidh a ghabhail no, mura faighear an call air ais, gun tèid gnìomhan a thòiseachadh sa bhad gus call sam bith a dhubhadh às;
- laigsean sam bith ann am modhan in-smachd fhuasgladh;
- modhan smachdachaidh agus laghail a thòiseachadh, far a bheil sin iomchaidh;
- sealltainn nach e àite furasta airson oidhirpean foill a dhèanamh a th' ann an HIAL; agus
- clàr a chumail air foill a chaidh aithris agus aithisgean a thoirt do dh'Àrd-mhanaidsearan air adhartas chùisean agus air builean.

Modh-obrach

1. Thèid a h-uile cùis foill innse gu fèin-obrachail dhan Phrìomh Oifigear Ionmhais, a bheir fios do Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh airson fios a chur gu Riaghaltas na h-Alba, ma tha sin iomchaidh. Leigidh am Prìomh Oifigear Ionmhais fios do na Poilis cuideachd mar a bhios iomchaidh.
2. Thèid tachartasan a chlàradh ann an Clàr Foill, anns a bheil mion-fhiosrachadh mu chasaidean, rannsachaidhean agus co-dhùnaidhean.
3. Bidh foill agus casaidean foill air an sgrùdadh le Àrd neach-obrach ainmichte le teisteanasan iomchaidh a tha neo-eisimeileach bhon roinn a tha fo amharas a rèir a' Phoileasaidh Smachdachaidh foillsichte. Dh'fhaodte gum bi seo a' gabhail a-steach a bhith a' cur dhaoine a tha fo amharas a bhith an sàs ann am foill à dreuchd rè ùine.
4. Thèid fianais a chruinneachadh a' cleachdadh dhòighean dligheach mar a tha air am mineachadh sa Phoileasaidh Smachdachaidh.
5. Bidh adhartas air sgrùdaidhean air aithris dhan Chomataidh Sgrùdaidh mar chuspair seasmhach air a' chlàr.
6. Cha bu chòir fiosrachadh sam bith fhoillseachadh do luchd-naidheachd no do na meadhanan. Bidh an stiùiriche iomchaidh a' gabhail uallach gus fiosrachadh a sgaoileadh do na meadhanan, ann an co-chomhairle leis an Àrd-oifigear agus le Stiùiriche a' Chonaltraidh is nan Cùisean Corporra.
7. Thèid leasan a dh'ionnsaichear bho rannsachaidhean foill a cho-roinn agus a chur an gnìomh air feadh Buidheann HIAL cho luath 's a ghabhas às dèidh crìoch a chur air an rannsachadh.

